

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2022 | 4 | AN DÙBHLACHD



Facal Toisich

Ann an dùbhlachd a' gheamhraidh, tha an Aidmheint na samhla dhuinn air feitheamh, furtachd agus fadachd ri comharrachadh breith Ìosa Chrìosd anns an Nollaig. Anns an t-Searmon Bheag, gheibhear cnuasachadh air feòlachadh Chrìosd – mar a thàinig am Facal na fheòil ann an cruth mhic an duine – agus mar a sgaoileadh an Fhacail sin bho chionn dà mhìle bliadhna.

Anns na Naidheachdan, tha deagh eisimpleir air an obair a tha an eaglais a' dèanamh anns an latha an-diugh gus am Facal sin ùrachadh ann an dòighean digiteach gus a thoirt am meud am measg dhaibhsan aig a bheil a' Ghàidhlig. Tron obair seo, tha sinn an dòchas gum faigh ginealaichean ùra eòlas air Fhacal tro na Sgrìobtaran.

Tha sinn cuideachd a' toirt iomradh air Iain Gobha na Hearadh aig deireadh nan duilleagan seo. B' e bàrd agus soisgeulaiche ainmeil a bh' ann an Iain Moireasdan na latha fhèin, a thuilleadh air a bhith na dhuine innleachdach eirmseach làidir. Tha seachas gu leòr ma dheidhinn, agus deagh chuid dheth beò air bilean sluagh na Hearadh, a bha cho dèidheil air, chun an latha an-diugh. Mar a leughas sibh anns an Adhbhar Gàire, 's dòcha gun robh rudan eile a' tàladh a nàbaidhean dlùth dha: an deagh bhiadh agus an fhialaidheachd chrìostail a bheireadh e fhèin 's a bhean seachad. Bha an doras aca daonnan fosgailte do gach cuid coigrich agus luchd-eòlais.

Tha sinn an dòchas gum bi sibh a' faighinn na sgeulachd sin èibhinn, seadh, ach cuideachd na dheagh eisimpleir air duine a bha a' cumail tagsa agus carthannas ris a' choimhearsnachd ann an iomadh dòigh. Leis mar a tha cosgaisean bith-beò agus prìs an dealain a' dol an-àird san rìoghachd thar a' gheamhraidh seo, nach dèan sinn cinnteach gun dèanamaid oidhirp a bharrachd air gràdh agus companas a shealltainn do chàch a chèile.

Le beannachd,

Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann
Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas

Dealbh



Dave Connor © air a chleachdadh fo chead Creative Commons

Seo dealbh de phrìomh-bhaile na Gàidhealtachd fo shneachd. 'S e tè dhen dà eaglais a chithear san dealbh Eaglais Naomh Steaphain (sa chùl). Tha iomadh eachdraidh ceangailte ris an eaglais agus thathar ri ràdh gun robh Calum Cille a' searmonachadh air an làraich mu 565 AD. B' ann san t-14mh linn a leagadh bun-stèidh an tùir, agus buinidh an còrr dhen eaglais dhan 18mh linn. Tha an eaglais ri reic an-dràsta. Thòisich iomairt am measg sluagh Inbhir Nis airson an togalach a cheannachd agus a ghleidheadh do mhuinntir a' bhaile.

Gàidhlig Shìmplidh

Chì sibh anns an àireamh seo de Na Duilleagan Gàidhlig gu bheil colbh Adrian Armstrong air obair Comann Bhìoball na h-Alba anns a' Ghàidhlig. Tha dà phròiseact Gàidhlig aca an-dràsta. Sgrìobh sinn mu chlàradh-fuaim an Tiomnaidh Nuaidh roimhe. Tha sinn a' guidhe gach beannachd air obair a' Chomainn. Tha sinn ag ùrnaigh gun tèid Facal Dhè am meud am measg luchd na Gàidhlig, an dà chuid am measg na feadhna a tha fileanta agus na feadhna a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Tha sinn ag ùrnaigh gum faigh sinn eòlas nas fheàrr air Facal Dhè.

Aig àm na Nollaig, tha sinn a' cuimhneachadh gun tàinig Ìosa Crìosd nar measg air an talamh, o chionn còrr is dà mhìle bliadhna. Tha am Bìoball ag innse dhuinn gur e Facal Dhè a th' ann an Ìosa fhèin. Mar sin, nuair a tha sinn ag ionnsachadh barrachd mun Bhìoball, tha sinn a' bruidhinn agus ag èisteachd ri Ìosa.

Beagan cuideachaidh:

Comann Bhìoball na h-Alba - *The Scottish Bible Society*

clàradh-fuaim - *audio recording*

gun tèid X am meud - *that X would increase*

an dà chuid - *both*

ag innse dhuinn - *tells us*

mar sin - *thus, therefore*

Gàidhlig Chlasaigeach

Seo na rannan deireannach o Ùrnaigh an Tighearna ann an rannaigheachd chlasaigeach mar a chìthear ann an Leabhar Ùrnaigh Charsuel (*Foirm na n-Urrnuidheadh*, 1567 (SGTS, deas. RL Thomson, 1970).

Na fach-sa dhlighir dhínn,
maith dhúinn gan a ndíol do ghnáth; [*gan a ndíol = gun an díol*
maith dhúinn ar bpeacaidh go léir
amhail mhaithmaoid féin do chách.

O thrén ar námhad, a Rí,
dén coimheud is dín dod tsliocht, [*dén = dèan; din = dìon*
bí a n-adhaigh a mbuaidhrìdh lind,
is ná léig sind ar a n-ìocht.

Edir anam agus chorp,
saor-sa sind ó olc gach lá;
ríghe agus onóir is neart
ar gach líne ós leat atá.

Far a bheil -*nd* aig deireadh facail, tha -*nn* againn an-diugh.
Mar sin: *sind = sinn* agus *lind = linn*.

Searmon beag

Chaidh am Facal a dhèanamh na fheòil agus ghabh e còmhnaidh nar measg. Chunnaic sinne a ghlòir san, mar ghlòir an Aonghain on Athair, làn gràis agus firinn.

Eòin 1: 14

Tha cumhachd agus èifeachd Facal Dhè cho mhòr agus cho naomh nach gabh an tuigsinn gu lèir le inntinn an duine. Chan eil e comasach do ar n-inntinnean talmhaidh grèim fhaighinn air brìgh nam facal a bha cho cumhachdach 's gun deach an Cruthachadh gu lèir a dhealbhadh tromhpa, nuair a labhair Dia agus thàinig a h-uile sìon gu bith. Chaidh cumhachd Fhacail fhoillseachadh ann am modh eile nuair a sgrìobh Dia air clàran cloiche bun-stèidh an lagha a stiùir a phoball fhèin, a thug dhaibh treòrachadh sa bheatha mar shluagh agus mar dhaoine fa leth. Agus nuair a chaidh iad air seachran, labhair e a-rithist tro na fàidhean - 's ann gu tric a tha leabhraichean nam fàidhean a' tòiseachadh le abairt leithid, *Thàinig Facal an Tighearna gu X*. Chruthaich agus dhealbhaich agus threòraich Facal Dhè beatha a shluagh anns gach suidheachadh tro eachdraidh, ann an aoibhneas agus bròn, ann an làithean sona agus tro amannan dorcha.

Aig an àm a roghnaich e, thàinig am Facal a-steach dhan eachdraidh sin ann an dòigh ùr. Cha b' ann mar ghuth a dhealbhaich beanntan agus reultan agus na h-uisgeachan. Cha b' ann mar fhaclan sgrìobhte an lagha, agus cha b' ann mar theagasg no mar fhàidheadaireachd, ach mar phearsa. Ann an cruth an duine, a' gabhail air fhèin làn-nàdar an duine, a' fiosrachadh on taobh a-staigh na tha e a' ciallachadh a bhith beò mar dhuine mar a tha sinne: nochd am Facal nar measg. Choisich e air an talamh, am Facal seo tron deach an talamh fhèin a dhealbhadh o thùs. Thugadh còmhla, na phearsa, geallaidhean agus gliocas, stiùireadh agus stèidheachadh, naomhachd agus neart an Fhacail gu lèir. Na rudan sin uile a dh'ionnsaich na h-Eabhraich on Fhacal tro na linntean, cho-sheas iad, thàinig iad còmhla ann am pearsa Chrìosd, oir b' esan fhèin am Facal. Agus rinn e còmhnaidh nar measg.

Tha Facal Dhè fhathast againn an-diugh, an dà chuid ann an làthaireachd Chrìosd nar beatha, agus ann an duilleagan

nan Sgriobtar. Aig an àm seo dhen bhliadhna, agus sinn a' comharrachadh teachd an Fhacail nar meag, thoireamaid taing do Dhia airson Fhacail mar a tha e againn anns a' Bhìobaill. Thoireamaid taing agus moladh dha airson Fhacail, anns a bheil e ga fhoillseachadh fhèin dhuinn - a rùintean dhar taobh, a ghràdh dhuinn, a ghràsan dhuinn. Agus dèanamaid ùrnaigh gun tèid am Facal am meud nar measg a-rithist, anns an dùthaich seo agus air feadh an t-saoghail. Dèanamaid ùrnaigh airson na h-iomairte gus am Facal a sgaoileadh, airson eadar-theangadairean, airson nan uile a tha an sàs ann am foillseachadh nan Sgriobtar. Agus, le taing agus le aoibhneas, cuireamaid fàilte air obair Comann Bhìoball na h-Alba, agus dèanamaid nas urrainn dhuinn airson sgaoileadh agus fàs an Fhacail sa Ghàidhlig nar dùthaich, nar n-eaglaisean, nar coimhearsnachdan, nar teaghlaicean agus nar beathannan fhèin. *O Thighearna, deònaich gun soillsich solas naomh d' Fhacail tromhainne, na sholas-iùil agus na lòchran anns an dorchadas mu thimcheall oirnn, ach gum faic ar coimhearsnaich èifeachd, agus glòir agus naomhachd d' Fhacail nar beathannan. Amen.*

Comann Bhìoball na h-Alba

le Adrian Armstrong, Ceannard Conaltradh, Comann Bhioball na h-Alba

Tha Comann Bhìoball na h-Alba ag obair air dà phròiseact Gàidhlig an-dràsta. Is e a' chiad phròiseact clàradh-fuaim dhen eadar-theangachadh ùr dhen Tiomnaidh Nuaidh, a chaidh fhoillseachadh ann an clò ann an 2019. Chaidh an clàradh a dhèanamh as t-samhradh am bliadhna ann an Dùn Èideann agus Steòrnabhagh, ann an com-pàirteachas ri *Faith Comes By Healing*. Is ann o choimhearsnachd na Gàidhlig agus airson coimhearsnachd na Gàidhlig a tha am pròiseact seo, le sluagh ag obair gu cruaidh le an toil fhèin a' clàradh agus dearbhadh a' chlàraidh fad mhiosan. Anns a' chlàradh seo, cluinnear caractaran an Tiomnaidh Nuaidh a' bruidhinn ann an diofar guthan agus ann an diofar dualchainntean, gus an cluinn luchd na Gàidhlig san fharsaingeachd am Facal ann an cànan an cridhe fhèin.

Nuair a tha an obair-deasachaidh crìochnaichte, bidh an clàradh ri fhaighinn, saor an asgaidh air an eadar-lìon, do na Gàidheil ann an Alba agus air feadh an t-saoghail. Is e ar dòchas gum biodh an clàradh seo na bheannachadh do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, gun cuireadh e ri adhradh Gàidhlig, agus gum biodh e na mheadhan tron tig mòran a chum eòlas a chur air Crìosd.

'S e an dàrna pròiseact Am Bìoball Gàidhlig (1992) a chur an clò a-rithist. Tha e air a bhith a-mach à clò fad beagan bhliadhnaichean, agus tha sinn fìor thoilichte gum bi e ri fhaotainn uair eile. Chaidh deasachadh 1992 a dhèanamh air clò-bheart, mar bu nòs dhuinn aig an àm sin. Bidh an deasachadh ùr air a chruthachadh gu digiteach, a' ciallachadh gum b' urrainn dhuinn grunn eile uallachadh gu furasta san àm ri teachd, gus am faighear na Sgriobtaran sa Ghàidhlig ann an clò gu cunbhalach, an còmhnaidh.

Anns an dealachadh, san aon bhliadhna anns do dh'fhosgail an Tighearna dhuinn an doras dhan dà phròiseact susbainteach seo, tha sinn a' feuchainn ri goireasan eile a chruthachadh anns a' Ghàidhlig cuideachd. Mar a bha e leis a' chlàradh agus ath-chlò-bhualadh a' Bhìobaill, tha ar comas gus goireasan Gàidhlig a libhrigeadh an eisimeil air ùine agus airgead. Thoireamaid taing do Dhia airson a mhaitheis dhuinn am bliadhna, agus dèanamaid ùrnaigh dha airson nan goireasan a dh'fheumas sinn airson na h-obrach dhan deach sinn ar gairm, gus an tèid Fhacal am meud ann an dòighean ùra anns a' Ghàidhlig, gus an neartaich a phoball fhèin agus gus an tèid an tuilleadh dhaoine a ghairm do chreideamh ann an Ìosa Crìosd.

Adhbhar gàire

Bha uair bàrd air an robh Iain Gobha na Hearadh. Bha e na chleachdadh do dh'Iain gun robh fàilte air gach aon dhan taigh aige gu biadh. Bha comanachadh ann aon latha, agus mar a bu nòs bha an taigh aige làn às dèidh làimhe. "O nach iad a tha còir, na daoine còire a tha a' tighinn às gach àite thugainn", ars esan.

"Uil" thuirt a bhean, "mura robh thu toirt seachad biadh cho math 's a tha thu, chan eil mi cinnteach an tigeadh iad cho tric dhut." "O thigeadh iad ge brith dè gheibheadh iad" thuirt Iain. "Ma-thà, nuair a thig iad airson dìnnear an-diugh, na toir dhaibh ach càl, air a bhruich ann an uisge, agus chì thu an tig duine sam bith gu suipear air an oidhche."

Rinn e sinn agus nuair nach do nochd duine aig suipear an oidhche ud, thuirt e "ah, 's e an càl a dhearbhas an creideamh!"

Ceit Dix (fiosraiche), Iain Peadarsan (Neach-clàraidh), SA1971.277.A3, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/48951>

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Bàrdachd

Bho "An Nuadh Bhreith" le Iain Moireasdan, Gobha na Hearadh.

Tha duin' òg is seann duin' agam,
Tha duin' òg is seann duin' agam;
Nach robh 'n seann duin' air mo chùlaibh,
'S an duin' òg nas mùirnich agam!

Seann duin' mi o leasraidh Àdhaimh
On do shìolaich mi thaobh nàdair,
Ach duin' òg tre Lèigh na slàinte
Shaor on bhàs mi tre ghràs naisgte.
Nach robh 'n seann duine na ghràin dhomh
'S an duin' òg na ghràdh nas fhaisge.

Dithis iad nach còrd an càraid
Ged tha 'n-còmhnaidh san aon àros,
Gus a leagar nuas am pàillea
Anns na ghabh iad tàmh mar chairteal.
'N seann duine gu carach lùbach
'S an duin' ùr toirt cùis gach gleachd deth.

Ged tha m' pheacadh dearg mar scàrlaid
Mar an corcair tre ro-dhànachd,
Trusgan sgiamhach na mòr-shlàinte
'N làthair m' òig-fhear rinn mi maiseach:
Dh'fhàg an seann duin' tinn le plàigh mi
'S an duin' òg toirt slàint' air ais dhomh.

S e 'n duin' òg an treun-fhear glòrmhor
Do rèir m' fheum-sa bheir e treòir dhomh,
Seasar eadar mharbh is bheò leis
Bheir e lòn is sògh do m' altram:
An seana duin' gam bhual le dhòrnaibh,
'S an duin' òg le treòir ga chasg dhìom.

Is mòr mo chall le easbhaidh gràidh dha
Ged is tric a shaor on bhàs mi,
Toirt neart domh, eòlas, slàinte,

Mo Rìgh e, m' Fhàidh is mo Shagart;
'N seann duin' a' cur bac' air m' ùrnaigh
'S an duin' òg cur tùis air m' altair.

Tha mi dall 's mo fhradharc dùbailt,
Tinn 's mi slàn 's a ghnàth gam chiùrradh,
Sòlasach 's an-còmhnaidh tùrsach,
Gaoideil, grùideil is glan fallain:
'N seann duin' a' dalladh mo shùilean
'S an duin' òg toirt dhiubh nan lannan.

Foghlam faigh air brìgh mo chòmhradh
Feuch gu reusanta 's gu còmhnard,
'S mur treabh thu m' àgh gu seòlta
Bidh mo thòimhseachan-s' ort falaicht.
Cuir an seann duin' uat gu h-ealamh,
Cuir an seann duin' uat gu h-ealamh,
Fàs mun t-seann duin' caoin-shuarach,
'S bheir an t-òg dhut buaidh le caithream.

Ùrnaigh

A Dhè, is ann led Fhacal naomh a chruthaich
thu a h-uile nì.

Is ann led Fhacal naomh a threòraich thu
Israel leis an lagh agus na fàidhean.

Is ann tro theachd d' Fhacail naomh anns an
fheòil nar measg a shlànaich thu sinn,
agus a shaor thu sinn o chumhachd a'
pheacaidh agus a' bhàis.

Foillsich dhuinn a-rithist d' Fhacal.

Fosgail ar sùilean dhan Fhacal a leughas sinn,
ar cluasan dhan Fhacal a chluinneas sinn,
agus ar n-inntinnean agus ar cridheadhan
dhod Fhacal dhuinn an-diugh.

Amen.